


# An **t-ailbhean** **dìochuimhneach**



Shoo Rayner

# An t-ailbhean dìochuimhneach




An teacsá Shoo Rayner  
Na dealbhan Shoo Rayner  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR





Tha fios againn uile gu bheil cuimhne mhath  
aig ailbhein. Uill, seo stòraidh mu ailbhean  
nach cumadh cuimhne air càil.  
'S e Ailidh an t-ainm a bha air.



Aon latha thuirt a mhàthair ri Ailidh,  
“Fhalbh agus lorg d' athair agus iarr air  
tighinn dhachaigh gu a bhiadh.”  
Bha Ailidh toilichte agus dh'fhalbh e a  
lorg athar.

“Na diochuimhnich iarraidh air d’ athair  
tighinn dhachaigh gu a bhiadh,”  
dh’èigh màthair Ailidh ris.

“Cha diochuimhnich,” dh’èigh Ailidh agus  
e a’ falbh dhan choille.



An ceann greis thachair Ailidh  
ri a charaid, Mandaidh am muncaidh.  
“Am faca tu m’ athair?” ars Ailidh.  
“Chunnaic,” arsa Mandaidh. “Chunnaic  
mi e a’ dol sìos chun an loch.”  
“Tha agam ri rudeigin innse dha agus  
chan fhaod mi a dhìochuimhneachadh,”  
thuirt Ailidh.

“Nuair a bhios mise airson cuimhne a chumail air rudeigin bidh mi a’ cur snaidhm air m’ earball,” thuirt Mandaidh. “An uair sin chan urrainn dhomh diòchuimhneachadh.” Chuidich Mandaidh Ailidh gus snaidhm a chur air earball, ach bha Ailidh cho mòr is nach b’ urrainn dha an snaidhm fhaicinn.



6

“Fuirich mionaid! Seo rud nas fheàrr,” arsa Mandaidh.  
“Cuir snaidhm air do thrunca.  
Mar sin cha diòchuimhnich thu.”  
“Cuidichidh mi fhìn thu,” arsa Mandaidh.  
Bha Ailidh toilichte.  
“Tapadh leat, a Mhandaidh,” thuirt e.  
“Nis cha diòchuimhnich mi.”



7



Dh'fhalbh Ailidh feuch an lorgadh e athair.

Ach thachair e ri a charaid, Rocaidh an sròn-adharcach.

“Am faca tu m’ athair?” thuirt Ailidh.

“Chunnaic,” arsa Rocaidh. “Bha e aig an loch.”

“Tha agam ri rudeigin innse dha agus chan fhaod mi a dhìochuimhneachadh,” thuirt Ailidh.

“Ma bhios mise airson cuimhne a chumail air rudeigin, bidh mi a’ cur anann air bàrr m’ adhairc,” arsa Rocaidh.

“Mar sin cha dìochuimhnich mi.”

“Cuidichidh mise thu a’ cur anann air bàrr d’ adhairc,” ars esan.





“Siuthad ma-thà,” arsa Rocaidh.


“Nach cuir thu fhèin anainn air bàrr do thosgan. Mar sin cha diochuimhnich thu.”

“Cuidichidh mi fhìn thu,” arsa Rocaidh.

Bha Ailidh uabhasach toilichte.

“Tapadh leat, a Rocaidh,” thuirt e.

“Nis cha diochuimhnich mi.”



Dh'fhalbh Ailidh feuch an lorgadh e athair.

Bha e glè thoilichte leis an t-snaidhm air a thrunca agus na h-anainn air bàrr a thosgan.

“Nis cha diochuimhnich mi,” thuirt Ailidh.


An ceann greis ràinig Ailidh an loch.  
Chunnaic e athair agus ruith e a-null thuige.  
“Halò,” ars athair Ailidh. “Carson a tha  
an snaidhm sin air do thrunca  
agus na h-anainn sin air do thosgan?  
Tha thu a’ coimhead gòrach.”



“Tha an snaidhm sin air mo thrunca agus  
na h-anainn air mo thosgan gus nach  
diòchuimhnich mi an rud a thuirt Mamaidh  
rium,” thuirt Ailidh.

“Uill,” arsa Dadaidh, “dè thuirt Mamaidh?”  
“Um,” ars Ailidh. “Um ... Um ... Um ...”

Mu dheireadh thuirt Dadaidh,  
“Nach tèid sinn dhachaigh agus cluinnidh  
sinn dè bha Mamaidh ag iarraidh.”



Thug Ailidh an snaidhm far a thrunca  
agus thug e na h-anainn far a thosgan.  
An uair sin lean e athair air ais tron  
choille.



Thàinig gàire air Mamaidh  
nuair a chunnaic i iad a' tighinn.  
“Rinn thu math, Ailidh,” thuirt Mamaidh.  
“Cha do dhìochuimhnich thu iarraidh air  
Dadaidh tighinn dhachaigh gu a bhiadh.”

Thug Ailidh sùil air Dadaidh.  
Thug Dadaidh sùil air  
Ailidh.  
Thòisich iad a' gàireachdainn.



An uair sin thòisich màthair  
Ailidh a' gàireachdainn cuideachd.  
“Ailidh,” thuirt i, “Carson a tha an snaidhm  
sin agad air d’ earball? Tha thu a’ coimhead  
èibhinn!”



16

Foillsichearan Foghlaim Heinemann  
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ  
earrann de Fhoghla姆 agus Foillseachadh Proifiseanta Reed Earr.

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND  
JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE  
IBADAN PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO

© Shoo Rayner 1997

A’ chìad foillseachadh 1997  
A’ chìad foillseachadh sa Ghàidhlig 2004

A’ Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

2005, 2004  
10 9 8

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatann  
Gheibhean clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatann.

Tha Shoo Rayner a’ dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a comharrachadh mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 692 9